



A Dhaoin' uasail

Seo na beachdan bho mhuinntir na buidhn' againn a thaobh a' Phlana 'son nam bliadhnachan rin tighinn.

BBC ALBA

Tha **Tbh Alba** math ach tha cunnart ann gum bi cus *emphasis* air Tbh do luchd-ionnsachaidh. Tha e math do sgoilearan GME agus fileantaich agus mar shanas 'son na Gàidhlig. Ach, a-mach air *Speaking our Language*, chan eil mòran ann do luchd-ionnsachaidh. Uair 's gu bheil an neach-ionnsachaidh air ìre de thuigsinn a ruigsinn, tha e freagarrach, ach, san fharsaingeachd chan eil BBC Alba cho feumail dhaibh a tha fhathast ag ionnsachadh a' chànain.

Tha cànan stèidhichte air còmhradh, eadar-obrachadh, conaltradh, bruidhinn a-null is a-nall – agus tha sin a dhìth le Tbh. Tha an neach-coimhead sgàraichte bhon fheadhainn a tha a' bruidhinn – chan eil obair-obrachadh ann, mar sin, chan eil an aon chomas an cuid Gàidhlig a leasachadh. A-bharrachd air sin ge-tà, bhiodh e math nan robh **barrachd airgead** ann son tuilleadh phrògram Gàidhlig, tuilleadh caochlaidh cuideachd, gus nach bi an uiread de dh'ath-chluich is ceòl ann.

Cùrsaichean sa choimhearsnachd agus air-loidhne is 'tutorial guidelines'

Tha feum air barrachd **foghlam sa choimhearsnachd** agus taic gus clasaichean a chur air dòigh agus gan cumail a dhol.

Air an son ge-tà, tha feum air **oidean agus trèanadh**. Bhiodh e na dhòigh fìor mhath 'son fileantaich an cuid comas sa chànan a chur gu feum. Tha Gàidheil a h-uile àite agus bhiodh e math cothrom an cuid Gàidhlig a chur gu feum agus ìomhaigh a' chànain a thogail san dol seachad. Ach, tha misneachd a dhìth air mòran Ghàidheil gu h-àraidh an fheadhainn nach d'fhuair foghlam Gàidhlig san sgoil. Nan robh cùrsaichean rim faotainn air loidhne a rachadh a chlà-bhualadh dha h-oidean is oileanach le chèile, bhiodh sin na fhìor dheagh chuideachadh.

Cùrsaichean inntrigidh. Tha iad math is fiosrachail ach, dà rud:

Chan eil còmhradh gu leòr ann. Tha oileanaich ann a tha air an dà ìre a dhèanamh ach tha comas bruidhinn neo tuigsinn a dhìth orra ged a tha iad loma làn de ghràmar. Tha iad feumach air fada a-bharrachd cothrom còmhradh a dhèanamh.

Chan eil cùrsa inntrigidh freagarrach don a h-uile duine. Tha iad gu math *'intensive'* agus 'son na feadhna a tha ag obair làn ùine, aig a bheil clann agus / neo luchd-eisimeil, tha cus ann. Tha deagh sheans ann gum biodh cùrsaichean sa choimhearsnachd nas fheumaile dhaibh-san neo, gun cuireadh clasaichean coimhearsnachd ri na tha oileanaich nan cùrsaichean inntrigidh ag ionnsachadh.

Leabhraichean Gàidhlig

Bhiodh e math nan robh barrachd cothruim ann leabhraichean Gàidhlig a cheannach nar sgìrean fhèin. B' àbhaist dha Sgrìobhadh san Sgìre a bhith ann. Bha e sònraichte! Chaidh a' bhùth bheag sin mu na buidhnean agus na sgoiltean is eile agus abair feill a bh' aig luchd-leughaidh air. Nach cuireadh sibh an leithid sin air dòigh a-rithist?

Planaichean Gàidhlig

Tha **planaichean Gàidhlig** nam fìor dheagh rud ach chan eil sin a' ciallachadh gu bheil na buidhnean aig a bheil iad an còmhnaidh an cur ann an gnìomh. Tha iad aca, tha iad air am bocsa sin a thiceadh, ach, a bheil iad gan cleachdadh neo a bheil iad nan laigh air sgeilp àiteigin air choireigin a' cruinneachadh duslaich?

GLE v./& GME

Tha àrd-sgoiltean ann far a bheil Gàidhlig ga teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ach far nach urrainn do sgoilearan an cànan ionnsachadh mar GLE ged a chaidh iarraidh air an sgoil a dhèanamh ri fhaotainn!

Duilgheadas eile: **GME sna h-àrd-sgoiltean**. Far nach eil ach an aon chuspair air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig – is sin a' Ghàidhlig fhèin – chan eil na h-òigridh a' togail briathrachas farsaing; tha iad a' call misneachd nan cuid comas an cànan a chleachdadh agus builteach an cùl a chur ris a chànan uair 's gu bheil iad air an sgoil fhàgail neo ron sin fiù 's.. Bu chòir dha bhith, air a char bu lugha, trì cuspairean a bhith ri fhaighinn dhaibh.

“Tha Gàidhlig agam”

Muinntir bhùithtean is thachartasan gam brosnachadh gus luchd-obrach le Gàidhlig fhasadh agus iad a' caitheamh **bràiste** ag ràdh, gu soilleir, gu bheil Gàidhlig aca agus cothrom aig luchd-ceannach bruidhinn riutha neo a bhith a' cur cheistean orra sa Ghàidhlig (gun a bhith a' cur maill' orra).

Cuideachd, an aon sheòrsa **bràiste** air daoine aig tachartasan 's cuirmean Gàidhlig gus am biodh fios aig luchd-frithealaidh gum b' urrainn dhaibh a bhith a' bruidhinn riutha sa Ghàidhlig.

Gàidhlig sna h-eileanan

Tha sibh rim moladh Gàidhlig a bhrosnachadh gu mòr sna h-eileanan agus tha e gu math tuigseach, ach, gu mì-shealbhadh, bidh a chuid 's motha de na sgoilearan aig a bheil a' Ghàidhlig sin, a' fàgail nan eilean agus a' toirt an Gàidhlig leotha is iad gun a bhith a' tilleadh ach an corra uair. Mur a h-eile taic is goireasan is brosnachadh feadh tìr mòir, bidh iad builteach an cùl a chur ris a' Ghàidhlig. Cha bhith feum aca oirre. Chan e na h-eileanan a-mhàin a tha feumach air taic gus an cànan a chumail beò agus ann an cleachdadh.

Gàidhlig breac le Beurla

Fhuair sinn puing bho bhall againn, Gàidheal a th' ann, agus e a' gearran, le deagh adhbhar, gu bheil cus beurlachd a nochdadh sa chànan, litreachadh Gàidhlig air faclan Beurla far a bheil deagh fhaclan ann mar-thà. Tha sin fìor. Nach eil dad a rachadh a dhèanamh mu dheidhinn? Bidh an cleachdadh sin, ma chumas air adhart, a sìor lagachadh a' chànain.

Gàidhlig naidheachd

Tuilleadh chobhan Gàidhlig sna pàipearan-naidheachd is irisean neo nas fheàrr, pàipear-naidheachd Gàidhlig!

Naidheachd air tachartasan.

Bhiodh e fìor mhath naidheachd fhaicinn, gu poblach is gu cunbhalach, air na tha sibh, aig Bòrd na Gàidhlig, an dùil a dhèanamh. Fios agaibh, an t-uiread de thursan a chuala mi aig daoine 'Dè rinn an EU dhuinn riamh'. An-dà, rinn an EU an t-uabhas ach, chan eil am poblach ga fhaicinn is iad a' cur sìos air. Tha mi air an aon rud a chluinntinn mu Bhòrd na Gàidhlig. Nam biodh aithris, can, a h-uile treas mìos sna pàipearan agus / neo prògram beag air BBC Alba a-mach air na tha sibh an dùil a dhèanamh agus as dèidh làimh, nuair a tha e air chois, aithris mun t-soirbheachas bhiodh tuilleadh creidsinn aig na *'doubters'* annaibh.

le meas